

Comhairle na Gàidhealtachd

Geàrr-chunntas coinneamh **Comataidh na Gàidhlig** a chumadh ann an Seòmar na Comhairle, Prìomh Oifis na Comhairle, Rathad Ghlinn Urchadain, Inbhir Nis air Diciadain 31 Cèitean 2023 aig 10.30m.

An làthair:

Mgr C Aitken (air astar)
Mgr R Bremner (air astar)
Mgr I MacIlleDhuinn
A' Bh-uas I Chaimbeul (air astar)
A' Bh-uas S Fanet
Mgr I Grafton

Mgr S Ceanadach (neach-ionaid)
Mgr P Logue (air astar)
Mgr D Mac a' Mhuilleir (air astar)
Mgr C Rothach
A' Bh-uas L Niven (air astar)
A' Bh-uas M NicPheadrais (air astar)

Neo-bhuill cuideachd an làthair:

Mgr I MacFhionnlaigh
Mgr R Mac an Tòisich

A' frithealadh na coinneimh:

Mgr P Nevin, Àrd-Oifigear Gnìomhach Eadar-amail – Coileanadh is Riaghlachas
A' Bh-uas C Macklin, Ceannard Thràth-bhliadhnaichean is Foghlaim Bun-sgoile
A' Bh-uas L Walker, Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig
A' Bh-uas M A NicLeòid Mitchell, Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig
A' Bh-uas E Rodgers, Oifigear Poileasaidh Gàidhlig
Mgr I Jackson, Oifigear Foghlaim
Mgr R MacAoidh, Oifigear Foghlaim/Tidsear (Àrd-Sgoil Ghlinn Urchadain)
A' Bh-uas S NicIlleDhuinn, Manaidsear Cho-Sheirbheisean Deamocratach
A' Bh-uas R Ros, Oifigear Comataidh

Tha rionnag air iomall na duilleige a' comharrachadh moladh a thèid chun na Comhairle. Tha co-dhùnidhean gun chomharra fo ùghdarras na Comataidh.

Mgr C Rothach anns a' Chathair

Gnothach

1. Gairm a' Chlàir agus Leisgeulan

Ghabhadh leisgeulan às leth Mhgr U MhicAoidh, na M-uas M Nolan agus Mhgr R Stiùbhart.

2. Foillseachaidhean Com-pàirt/Aithris Fhollaiseachd

Cha robh Foillseachaidhean Com-pàirt/Aithrisean Follaiseachd sam bith ann.

3. Naidheachdan Matha

Thug an Cathraiche seachad na naidheachdan matha a leanas:-

- chaidh ceannard a chur an dreuchd airson Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis;
- bha an sgrùdadh a chaidh a dhèanamh air Àrd-Sgoil Ghlinn Urchadain o chionn ghoirid air a bhith soirbheachail dha-rìribh;
- bha grunn àrd-oifigearan gnìomhach Gàidhlig a' gluasad air adhart is a' leigeil dhiubh an dreuchdan agus bha iad uile air a bhith fìor thaiceil do Chomataidh na Gàidhlig agus air ceangal a thogail le Buill agus le oifigearan na Comhairle rè an dreuchdan;
- bha cuairt dheireannach Cuach na Cloinne – farpais nàiseanta ball-coise bun-sgoiltean Foghlam tron Ghàidhlig – a' gabhail àite aig Pàirc a' Chanàil, Inbhir Nis. Bha Bun-Sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh agus FtG Chnoc na Creige ann am Baile Dhubhthaich a' farpais airson na Cuaiche;
- bhathar a' cur iarrtasan maoinachaidh a-steach gu Bòrd na Gàidhlig agus bhathar an dùil gum biodh co-dhùnaidhean a thaobh co-dhiù a bha no nach robh iad soirbheachail rim faotainn an-ath-sheachdain;
- chaidh seiseanan tadhail soirbheachail a chumail airson Plana Gàidhlig 4 ann an Inbhir Nis, ann am Port Rìgh agus sa Ghearasdan;
- bha a' Chomhairle a' dèanamh obair mhath còmhla ri FC Sonas gus campaichean ball-coise a libhrigeadh; agus
- chaidh ceum mòr air adhart a ghabhail seach gun robh a' Ghàidhlig a-nis air a gabhail a-steach mar chuspair STEM.

4. Dreachd Plana Gàidhlig 4

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/8/23 le ceann-latha 10 Cèitean 2023 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas. Chaidh an Dreachd Plana Gàidhlig a chuartachadh fa leth, mar Leabhran A.

Chaidh taisbeanadh goirid a thoirt seachad a' comharrachadh prìomh chuspairean a' Phlana. Bha an Dreachd Plana Gàidhlig (PG) 4 air togail air soirbheachasan nam Planaichean roimhe agus bhiodh am Plana seo a' còmhach nam bliadhnaichean 2023–28.

Bha an co-chomhairleachadh air cuideachadh gus am Plana a neartachadh agus b' e amas a' Phlana cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig a mheudachadh.

Rè na deasbaireachd, thog na Buill na puingeann a leanas:-

- chaidh moladh a dhèanamh air obair chruaidh nan oifigearan;
- bha buileachadh PG4 a-nis air tòiseachadh ach bhiodh feum air co-obrachadh eadar coimhearsnachdan agus buidhnean-gnìomha eile;
- b' e sgrìobhainn ro-innleachdail a bh' ann am PG4 a bhiodh a' fòcasadh obair na Comhairle a' dol air adhart. Dh'fheumadh gach pàirt dhen Chomhairle beachdachadh air agus air na dòighean anns am b' urrainn dhaibh cuideachadh gus na builean ainmichte a libhrigeadh;
- b' e an t-adhbhar cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig a mheudachadh ann an raointean a leithid coimhearsnachdan, gnothachasan, na h-ealain is eile, agus mar sin dh'fheumadh a' Chomhairle an gealltanais aice gun deidheadh a toirt an lùib beatha làitheil a neartachadh;
- bu chòir dhan Ghàidhlig a bhith air a cur air adhart mar dhualchas;
- ann a bhith a' dèanamh a-mach ciamar a bhiodh PG4 air a ghoireasachadh, bha e cudromach gun robh na h-amasan air an suidheachadh aig an ìre cheart;
- dheidheadh fiosrachadh a chumail ri Buill mu adhartas agus dheidheadh innse dhaibh mu raointean sam bith far an robh sleamhnachadh; agus

- chaidh dragh a thogail mun phrìomhachas ro-innleachdail a chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig gus adhartas is fàs a libhrigeadh ann am FtG agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig aig gach ìre, a' gabhail a-steach libhrigeadh na Gàidhlig mar nuadh-chànan, le 70% de bhun-sgoiltean a' toirt seachad Gàidhlig mar C2 agus C3 gus solar na Gàidhlig a mheudachadh thar an ùghdarras. Bha amas a' phrìomhachais seo ri mholadh ach bha an targaid de 70% gu math àrd-amasach. Thathar ag aithneachadh gu bheil C2 agus C3 riatanach a thaobh a bhith a' fàs na Gàidhlig ach dh'fheumadh targaidean a bhith ruigsinneach cuideachd.

DH'AONTAICH a' Chomataidh:-

- * i. **MOLADH** dhan Làn-Chomhairle gum bu chòir dhi aontachadh gun tèid an dreachd Plana a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig; agus
- ii. ann a bhith a' cur a-steach a' Phlana gun tèid litir na chois a' leigeil fhaicinn do Bhòrd na Gàidhlig gu bheil dragh air a' Chomhairle gu bheil an targaid de 70% de bhun-sgoiltean a' toirt seachad Gàidhlig mar C2 agus C3 gu math dùbhlach.

5. Plana na Gàidhlig – Co-chomhairleachadh Poblach

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/9/23 le ceann-latha 18 Cèitean 2023 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Chaidh barantasan a shireadh, is a thoirt seachad, gun deach beachdachadh air diofar luchd-ùidhe airson 's gum b' urrainnear ealla a gabhail de bheachdan sgoilearan, phàrantan, thidsearan is bhuidhnean Gàidhlig. Gu dearbh, bha an dòigh-obrach aig Comhairle na Gàidhealtachd air a chomharrachadh mar dheagh mhodail de chleachdadh math. Bha an Cathraiche air a bhith an làthair aig na trì tachartasan co-chomhairleachaidh agus bha an dreuchd aig Astar Media air deagh fhios air ais a chosnadh cuideachd.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg.

6. Coileanadh Mu Choinneimh Plana na Gàidhlig 3

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/10/23 le ceann-latha 15 Cèitean 2023 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Chaidh moladh a dhèanamh air oifigearan airson sàr-aithisg, gu h-àraid am fiosrachadh mionaideach a bha sa phlana-ghnìomha, ach bhiodh e feumail nam biodh cinn-latha tòiseachaidh is crìochnachaidh air an toirt na lùib. Bha e na chleachdadh a bhith a' toirt an fhiosrachaidh do Bhòrd na Gàidhlig mar aithisg bhliadhnail, ach nam biodh seo san àrainn phoblaich bhiodh gnìomhan leantainneach air an toirt am follais.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg.

7. Foghlam Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/11/23 le ceann-latha 5 Cèitean 2023 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Mar thaic dhan aithisg, chaidh taisbeanadh a thoirt seachad le cùl-fhiosrachadh mu dhòigh-obrach 1+2 a thaobh Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig thar sgoiltean

na Gàidhealtachd, a' mìneachadh mar a chaidh seo a leasachadh, na h-ath cheumannan agus an obair leasachaidh a bhathar a' planaigeadh is air an robhar a' dèanamh deuchainn a rèir nam Prìomhachasan Ro-innleachdail a tha air am mìneachadh ann am PG4 airson C2 agus C3.

Rè na deasbaireachd, thog na Buill na puingean a leanas:-

- bha e dùbhlachd a bhith a' teagasg dàrna no treas cànan ann an suidheachadh bun-sgoile agus math dh'fhaodte nach robh na sgilean riatanach fhathast air an leasachadh aig cuid de na sgoilearan;
- bha e cudromach mìneachadh soilleir a thoirt seachad a thaobh na bhathar a' feuchainn ri choileanadh nuair a bha dàrna agus treas cànan ga thoirt a-steach aig ìre na bun-sgoile agus gun robh co-òrdanachadh ann eadar tidsearan bun-sgoile is àrd-sgoile;
- bha an dàta a bha air a thoirt an lùib na h-aithisge, a' toirt fiosrachadh mu sholar C2 agus C3 Gàidhlig, a' sealltainn cho àrd-amasach 's a bha an targaid 70% a bha air a mhìneachadh ann am PG4;
- bha foghlam Gàidhlig a' cur ann an co-theacsa na dh'fheumadh a' Chomhairle a dhèanamh airson coinneachadh ri miannan PG4 agus bha e cudromach an àireamh bhun-sgoiltean a bha a' dèanamh C2 agus C3 Gàidhlig àrdachadh; agus
- chaidh fiosrachadh a shireadh, agus a thoirt seachad, mu thaic do sgoilearan le feumalachdan sònraichte agus a dh'fhaodadh a bhith a' strì le bhith ag ionnsachadh C2 agus C3 Gàidhlig.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR**:-

- i. do sholar Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Gàidhlig air feadh sgìre na Gàidhealtachd;
- ii. do na raointean leasachaidh làithreach is teachdail airson 1+2; agus
- iii. dhan phròiseas cho-chomhairleachaidh airson sgìrean-sgoile agus dhan chunntas às ùr airson solaran Foghlam tron Ghàidhlig Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis, Inbhir Pheofharain agus Inbhir Narann.

8. Prìomh Aithrisean Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/12/23 le ceann-latha 11 Cèitean 2023 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Bha am pròiseact a bha a' dol air adhart ann an com-pàirteachas le Alzheimer Alba Taobh Siar na Gàidhealtachd gus a' Ghàidhlig a thoirt a-steach gu dachaighean-cùraim a' dol air adhart gu math, ach bhathar an dòchas gum b' urrainnear seo a leudachadh gus am biodh cothrom ann cuideachd taic a thoirt dhaibhsan a bha fhathast a' fuireach san dachaigh aca fhèin, agus aig an robh a' Ghàidhlig mar chiad chànan.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** gun deidheadh leantainn air adhart leis na h-iomairtean a tha air am mìneachadh san aithisg.

9. Seachdain na Gàidhlig 2023

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/13/23 le ceann-latha 2 Cèitean 2023 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Thug an aithisg cothrom do Bhuill meòmhrachadh air an raon thachartasan anns an robh daoine air a bhith an sàs. Chaidh iomradh sònraichte a dhèanamh air tachartas anns a' Ghearasdan a bha air cànan agus spiorad na Gàidhlig a thoirt am follais. Bha ùidh mhòr sa Ghàidhlig agus bha iadsan a bha a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig airidh air moladh. A bharrachd, chuir Buill fàilte air com-pàirtichean à Alba Nuadh agus bha còmhraidhean a' leantainn air adhart leotha a thaobh mar a bha iad a' cur Mios nan Gàidheal air dòigh.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg.

Chrìochnaich a' choinneamh aig 12.15f.